



Am bi am pàiste agaibh còig ro 28 Gearran 2013?

Bidh? Ma-thà, tha an t-àm ann an clàrachadh
airson na sgoile.

Bidh an ath sheisean sgoile a' tòiseachadh air 13 Lùnastal 2012. Faodaidh clann a bhios còig air no ro an 28 Gearran 2013 a bhith air an clàrachadh airson Clas 1. Bidh an t-seachdain chlàrachaidh a' tòiseachadh air 30 Faoilleach 2012.

Ma tha sibh airson 's gun tèid am pàiste agaibh gu sgoil eile seach a' bhun-sgoil ionadail, feumaidh sibh an clàrachadh aig a' bhun-sgoil ionadail an toiseach, agus iarrtas a chur a-steach gu Oifis Foghlaim, Cultair is Spòrs na Sgìre às dèidh làimhe.

Chan eil feum air iarrtasan airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig no dhaibhsan a tha ion-roghnach airson a dhol gu sgoil seòrsaichte.

Cuin	Càite	Dè bheir sibh leibh?
3.00f 30 Faoilleach – 3 Gearran 2012	A' Bhun-sgoil Ionadail	Teisteanas breith a' phàiste agaibh